

CEISTEAN



1. Saoil cò ris a tha Siobhan a' bruidhinn aig toiseach na sgeulachd. Thoir seachad adhbhar airson do bheachd.

Tha mi den bheachd gu bheil Siobhan a' bruidhinn rithe fhèin. Fhad 's as fhiosrach sinn, chan eil duine sam bith eile san èisteachd. Tha i a' coimhead san sgàthan agus a' faicinn a faileas fhèin. Tha i a' beachdachadh air a coltas agus rudan pearsanta eile. Tha e mar gu bheil i a' labhairt nan smuaintean aice.

2. Carson nach robh falt Siobhan a' còrdadh rithe?

Bha Siobhan ag iarraidh a bhith a' leanntainn an fhasain; b' e falt gleansach dìreach a bha fasanta, ach bha am falt aice camalagach, doirbh a chìreadh agus cha ghabhadh e dèanamh dìreach.

3. Bha Siobhan a' faireachdainn nach bu chòir dhi bracaist mhòr a ghabhail, ach dè an dà rud a thug oirre iarraidh?

Fuaim a mionaich a' rùchdail agus fàileadh brèagha a' bhìdh.

4. Nad fhaclan fhèin, inns carson a rinn Siobhan sgiamh chruaidh.

Ann am mearachd, chuir a caraid teacs a thuice aus cha do chòrd na leugh i ri Siobhan. Anns an teacs, bha a caraid a' magadh oirre, agus ag aideachadh nach robh i ga h-iarraidh sa chòmhlàn-dannsa. Cha b' urrainn do Siobhan na bha i a' leughadh a chreidsinn, bha i a' faireachdainn air a nàrachadh agus air a goirteachadh agus leig i sgiamh air sàillibh seo.

5. “Bha na faclan a’ dol timcheall a cinn mar gum biodh iad crochte ri spògan muileann-gaoithe”

Ciamar a tha an samhla seo èifeachdach?

Tha e èifeachdach a chionn’s gu bheil e a’ toirt dhuinn dealbh air staid inntinn Siobhan. Chan eil fhios aice ciamar a tha i a’ faireachdainn no dè bu chòir dhi a dhèanamh. Tha i ag èisteachd ri a màthair le aon chluais, agus tha i troimh-a-chèile às dèidh dhi an teacsa a leughadh. Tha na faclan a tha i a’ leughadh agus a’ cluinntinn a’ toirt tuainealaich na ceann ’s gun smachd aice air sìon. Tha e freagarrach gu bheil seo air a shamhlachadh le spògan muileann-gaoithe oir bidh sin a’ cur nan caran cuideachd ’s gun smachd agad air.

6. Ciamar a tha an sgrìobhadair ga dhèanamh follaiseach gu bheil Siobhan air bhioran nuair a tha i a’ smaointinn gu bheil i a’ dol a Bhancùbhar?

Tha i a’ cleachdadh chlisgean-puing às dèidh gach rud a tha Siobhan ag ràdh. Tha seo a’ toirt a chreidsinn oirnn gu bheil i ag èigheach nam faclan seo le gàirdeachas. Tha i cuideachd a’ cleachdadh fhaclan leithid “Wow” anns a bheil fuaimnealas, agus a tha a’ toirt fa-near dhuinn cho toilichte ’s a tha i. Tha Siobhan cuideachd a’ cleachdadh fhaclan, leithid “fantaboodletastic”, nach eil fìor agus a tha i air a dhèanamh suas i fhèin ’s i cho toilichte ’s air bhioran nach eil fhios aice dè chanas i.

7. Ciamar a tha a’ sgrìobhadair a’ toirt fa-near dhuinn gu bheil Siobhan mì-thoilichte gum feum i a dhol a dh’fhuireach còmhla ri Auntaidh Lily?

Tha e air innse dhuinn gun do leum Siobhan air falbh bhon bhòrd agus gun do dh’èigh i gun robh e “sgràthail” gum feumadh i a dhol a dh’fhuireach mìltean air falbh fad mìos. Tha e cuideachd air innse dhuinn gun robh Siobhan claidhte, leis gun robh i a’ caoineadh, ’s gun robh a h-aodann dearg le àmhghar, uallach agus fearg.

8. Saoil carson a bha Siobhan ag iarraidh gun cluinneadh a màthair gun robh i a’ caoineadh?

Bha i ag iarraidh gun tuigeadh a màthair cho mì-thoilichte agus cho tàmailteach ’s a bha i gun robh aice ri dhol a dh’fhuireach còmhla ri Auntaidh Lily. Ma dh’fhaodte gun robh i den bheachd nan tuigeadh a màthair seo, gun atharraicheadh i a h-inntinn agus nach leigeadh i leas a dhol gu taigh Auntaidh Lily, agus gum faigheadh ise a dhol a Bhancùbhar cuideachd.

9. “Cha bhruidhinn mi ri Aoife no ri Sìneag gu bràth, gu sìorraidh, gu bràth tuilleadh. Cha bhruidhinn, cha bhruidhinn, cha bhruidhinn!”

Saoil carson a tha Siobhan ag ath-aithris an aon rud a-rithist ’s a-rithist an seo?

Bha i den bheachd gur e deagh charaidean a bh' aice ann an Aoife agus Sineag. Tha e doirbh dhi a chreidsinn gu bheil iad air a bhith a' bruidhinn mu a deidhinn ag ràdh nach eil iad ga h-iarraidh sa chòmhlàn-dannsa. Tha fios aig Siobhan gum bu chòir dhi cùl a chur riutha leis gu bheil iad air a bhith grod rithe, ach chan eil i cinnteach an urrainn dhi seo a dhèanamh. Tha i ag ath-aithris nam faclan seo rithe fhèin airson toirt oirre fhèin a chreidsinn nach bruidhinn i riutha gu bràth tuilleadh.

10. "Stob"

Ciamar a tha am facal seo èifeachdach ann a bhith a' toirt fa-near dhuinn mar a bha Siobhan a' faireachdainn mu a suidheachadh?

'S e facal le fuaimealas a tha ann an "stob". Tha e a' toirt nar cuimhne pìos maide no rudeigin a tha a' seasamh a-mach leis fhèin. Tha seo a' samhlachadh mar a bha Siobhan a' faireachdainn mu dheidhina bhith a' dol a dh'fhuireach aig taigh Antaidh Lily. Bha fios aice gum biodh i a' faireachdainn mì-chomhurtail, a-mach a àite, na h-aonar agus gun fhios aice dè dhèanadh i rithe fhèin.

11. Ciamar a tha fios aig an leughadair gu bheil buaidh shònraichte aig Seumas air Siobhan?

Tha e air innse dhuinn gum biodh aghaidh Siobhan a' fàs dearg nam biodh Seumas a' coimhead oirre. Tha e cuideachd air innse dhuinn gun robh e doirbh do Shiobhan bruidhinn ri Seumas, leis cho nearbhasach 's a bha e ga dèanamh. Tha i ag aideachadh gun robh na faclan ga tachdadh 's nuair a rachadh aice air rudeigin a ràdh gun robh na faclan a' tighinn a-mach air muin a chèile.

12. Saoil carson a bha Siobhan ag iarraidh aodach ùr?

Bha i an dùil gum biodh i an cuideachd Sheumais agus leis gun robh nòisean aice dha, bha i ag iarraidh a bhith a' coimhead cho fasanta, cho spaideil agus cho snog 's a b' urrainn dhi.

13. Saoil carson nach robh Siobhan a' dol a leigeil oirre gum faca i an teacsa a bha ag ràdh nach robh iad ga h-iarraidh sa chòmhlàn-dannsa?

Bha i airson làmh-an-uachdair a bhith aice-se. Mar sin, cha robh a' dol a dh'aideachadh gur e an dithis eile nach robh ga h-iarraidh-se, ach gur ise nach robh gan iarraidh-san. Bha i airson gum biodh iad a' smaointinn gun robh rudeigin na b' fhèarr aice ri dhèanamh seach a bhith sa chòmhlàn – bheireadh seo dhi làmh-an-uachdair. Bhiodh farmad aig an dithis eile rithe 's bhiodh iad a' dèanamh rathad mòr 's rathad beag airson càirdeas a chumail rithe.

14. “I fhèin agus Seumas a’ coiseachd air an tràigh, i fhèin agus Seumas aig biadh còmhla ann an taigh-bìdh, i fhèin agus Seumas a’ dannsa còmhla”

Saoil carson a tha an sgrìobhadair ag ath-aithris an abairt “i fhèin agus Seumas?”

Tha an sgrìobhadair a’ toirt fa-near dhuinn gu bheil ceann Siobhan làn de smaointean mu deidhinn fhèin ’s mu Sheumas, agus na rudan a dh’fhaodadh tachairt eatarra. Tha i ann an seòrsa de bhruadar, ga call fhèin, a’ beachdachadh air na rudan a lùigeadh i tachairt eadar i fhèin agus Seumas.

15. “A’ dannsa còmhla ... agus ò, Seumas a’ lùbadh sìos faisg, faisg oirre... cho faisg agus gun robh anail air a h-aodann agus e a’ dol ga ... pògadh!”

Dè an dòigh sa bheil am parenthesis èifeachdach an seo?

Tha parenthesis a’ toirt air an leughadair stad mus leugh iad an ath phìos den sgeulachd. Tha e a’ toirt air an sgeulachd sgaoileadh a-mach gu slaodach ann an dòigh a tha a’ togail ùidh an leughadair a chionn ’s nach eil fhios againn dè tha dol a thachairt. Tha seo iomchaidh san earrainn, o chionns gu bheil na tha a’ tachairt ann an ceann Siobhan a’ tachairt gu slaodach ’s tha i a’ gabhail a-steach gach diog dheth. Chan eil fios aig Siobhan a bharrachd dè tha a’ dol a thachairt – a bheil Seumas a’ dol ga pògadh no nach eil.

16. Saoil carson a tha Siobhan a’ cur an ìre nach eil am fòn no an t-eadar-lìon aice ag obair?

Chan eil i airson gum bi Sìneag agus Aoife a’ cur theacsaichean thuice agus ag iarraidh oirre dealbhan a chur air Facebook. Bha i air a bhith a’ cleachdadh a’ fòn airson a bhith a’ dèanamh bòsd ri a caraidean gun robh i còmhla ri Seumas. Leis nach robh sin fìor, bha e na thrioblaid dhi gun robh iad ag iarraidh oirre dealbhan dheth a chur air Facebook. Cha robh i idir ag iarraidh cumail oirre ag innse nam breug, ’s mar sin, dh’inns i aon bhreug eile – gun robh am fòn agus an t-eadar-lìon aice briste agus le sin, cha bhiodh aice ri dèiligeadh ri ceistean agus iarrtasan chàich no ri breugan sam bith eile innse.

17. Carson a bha Siobhan air bhioran faighinn air a’ choimpiutair?

Bha iad ag iarraidh a dhol air Facebook airson gum faigheadh i a-mach dè bha a’ dol. Bha i ag iarraidh fios a bhith aice air a h-uile sian a bha a’ dol eadar Aoife agus Sìneag agus an iomairt aca faighinn air BGT. Cha b’ urrainn dhi seo a dhèanamh dòigh sam bith eile ach tro Facebook.

18. “Cha tug e an aire dhan choltas a bha air aodann Siobhan.”

Dè an coltas a tha thu a' smaointinn a bha air aodann Siobhan aig an àm seo?

Tha e follaiseach nach robh mòran aig Siobhan mu dheidhinn Dhòmhnail no mu dheidhinn nan cur-seachadan aige. 'S cinnteach gum biodh coltas a h-aodainn a' sealltainn nach robh sian a dhùil aice a dhol air a' bhaidhsagal, no a dhol a dh'iasgach. Bhiodh coltas a h-aodainn a' toirt fa-near dhuinn gun robh e doirbh dhi a chreidsinn gun robh Dòmhnall a' smaointinn gun rachadh i air baidhsagal agus gum biodh ùidh aice ann a bhith a' dol a dh'iasgach.

19. Carson a chaidh Siobhan a dh'iasgach còmhla ri Dòmhnall?

Cha robh sion sam bith eile aice ri dhèanamh agus bha i feumach air rudeigin a chuireadh seachad an ùine dhi. 'S dòcha cuideachd gun robh i a' faireachdainn duilich airson Dhòmhnail, leis gun robh e air oidhirp a dhèanamh fiathachadh a thoirt dhi pàirt a ghabhail ann an cur-seachad a bha e fhèin a' meas inntinneach.

20. Ciamar a tha fios againn nach b' e seo an aon turas a chaidh Siobhan a-mach air a' bhaidhsagal còmhla ri Dòmhnall?

Tha e air innse dhuinn gun robh i a' fàs sgileil air a' bhaidhsagal agus gun robh a casan a' fàs làidir.

21. Carson a bha Siobhan agus Dòmhnall nan laighe sna sealastairean?

Bha iad am falach agus a' coimhead le prosbaig feuch am faigheadh iad sealladh air an iolaire.

22. Nad fhaclan fhèin, inns dè tha thu a' smaointinn a dh'ionnsaich Siobhan bho bhith a' cur seachad nan saor-làithean còmhla ri Dòmhnall.

Fhuair i tlachd à rudan a bha i den bheachd nach còrdadh rithe. Thuig i cho math 's a bha e a bhith a-muigh sa ghaoith; a' gabhail cuairt air baidhsagal; a' sireadh fhìuraichean nach eil pailt; ag iasgach le slat; a' faighinn sealladh air iolaire agus a h-iseanan. Thuig i cho tlachdmhor 's a tha e a' bhith a' cur seachad ùine ann am bòidhchead na h-àrainneachd a tha mu thimcheall ort agus a bhith a' seachnadh teicneòlas, leithid Facebook agus teilidh – airson greis co-dhiù.

23. Dè am facal a tha ag innse dhuinn gun do leum i far a' bhus ann an cabhaig?

Roid

24. Carson a tha a caraidean ag ràdh gun do rinn na saor-làithean feum do Siobhan?

Bha i air cuideam a chall leis na rinn i de dh'eacarsaich. Bha i a' coimhead cus na b' fhallaine, ma dh'fhaodte air sàillibh eacarsaich, ach 's dòcha a chionn 's gun robh a staid inntinn na b' fhèarr leis gun robh a sùilean air am fosgladh gu saoghal mòr far nach robh pàirt ro mhòr aig Facebook, an teilidh no Simon Cowell.

25. Nam biodh tu anns an aon shuidheachadh ri Siobhan agus na caraidean agad air seo a dhèanamh ort, dè dhèanadh tu mu dheidhinn?